

## Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh MG ALBA

Crowne Plaza, Glaschu

4/2/20, 1130-1600

### Dreachd geàrr-chunntas

**Buill:** Donaidh MacAmhlaidh (sa Chathair) Daibhidh Brew  
Iain Mac a' Mhaoilein Dùghall MacAmhlaigh  
Màiri Kidd Marion Nic na Ceàrdaich

**Luchd-obrach:** Dòmhnall Caimbeul (Àrd-Oifigear)  
Niall Greumach (Stiùiriche Ionmhais)  
Donaidh Dòmhnallach (Manaidsear Gnìomhachais)  
Nicola Pearson (Cunntasair)  
Mairi Anna NicAonghais (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

**An làthair:** Ben McLeish & Graham Gillespie, Wylie & Bissett (airson puing 9)

### Gnothaichean gnàthach

Chaidh seisean a chumail eadar buill na Comataidh, an Stiùiriche Ionmhais, an Cunntasair agus Neach-sgrùdaidh bho Saffrey Champness aig 1130 far an deach pàipear planaigh an luchd-sgrùdaidh a dheasbad (faic puing 5).

#### **1 Leisgeulan**

1.1 Cha robh gin.

#### **2 Gnothach Dearbhte**

2.1 Cha robh gin.

#### **3 Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 7/11/19**

3.1 Molaichte le Daibhidh Brew agus daingnichte le Donaidh MacAmhlaidh.

#### **4 Gnothaichean ag èirigh**

- 4.1 Chaidh a dhaingneachadh gu robhas a’ dèanamh an tuilleadh obrach air na KPIs gus dèanamh cinnteach gu bheil na Comataidhean agus am Bòrd a’ faighinn fiosrachadh iomchaidh.
- 4.2 Chaidh iarraidh gun tigeadh an dashboard air beulaibh na Comataidh bho seo a-mach, a thuilleadh air chun bhùird. (Gnìomh: DC)

## **5 Pàipear planaidh an luchd-sgrùdaidh**

- 5.1 Thaisbean Eunice Macadam, Com-pàirtiche aig Saffrey Champness LLP aithisg planaidh an luchd-sgrùdaidh.
- 5.2 Mhìnich i farsaingeachd an sgrùdaidh, nam measg nithean cudromach (materiality) agus prìomh riosgan an sgrùdaidh.
- 5.3 Chaidh deasbad a chumail air atharrachadh ann an ìrean sgrùdaidh agus aithriseadh, gu h-àraidh IFRS16 a bhios a’ toirt a’ bhuaidh as motha air cunntasan MG ALBA.
- 5.4 Chaidh deasbad a chumail air nithean eile co-cheangailte ri foillseachadh (narrative reporting) agus ged nach eil MG ALBA fo uallach a bhith a’ leantainn leabhar-làimhe aithriseadh an Riaghaltais, chaidh a mheasadh iomchaidh beachdachadh air pàigheadh gnèthach, dàta neo-làthaireachd tinneis, co-ionannachd chothroman agus poileasaidh iomadachd ma bhios sin iomchaidh.
- 5.5 Chaidh clàr-ama an sgrùdaidh agus cosgaisean aontachadh.

## **6 Clàr Riosgan**

- 6.1 Bha clàr nan riosgan agus pàipear mìneachaidh air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail, le iomradh ga thoirt air an adhartas le cuid de na riosgan, le riosgan co-cheangailte ri Ro-innleachd agus Maoineachadh fhathast a’ gabhail prìomhachas.
- 6.2 Chaidh deasbad sònraichte a chumail mu riosg ùr a bhathas ag aithneachadh a thaobh droch chliù a dh’fhaodadh tuiteam air a’ bhuidheann ri linn gnìomh no dearmad an luchd-solair agus dè na ceumannan a dh’fhaodadh am buidheann a ghabhail gus an suidheachadh a làimhseachadh gu h-iomchaidh agus am buidheann a dhìon.
- 6.3 Ri linn ‘s gu bheil gnothach làithreach air a bheileas a’ cumail sùil an-dràsta co-cheangailte ris an riosg ùr seo, chaidh deasbad farsaing a chumail.
- 6.4 An dèidh deasbaid, agus diofar bheachdan, chaidh aontachadh gun deigheadh còmhradh a chumail eadar Cathraiche na Comataidh, Cathraiche a’ Bhùird agus an t-Àrd-Oifigear. (Gnìomh: DC)

6.5 Chaidh aontachadh an riosg seo a chuir air a' chiad duilleag de chlàr nan riosgan airson a thoirt gu aire a' bhùird. (Gnìomh: DMD)

6.6 A thaobh clàr nan riosgan san fharsaingeachd, bha buill riarachtaichte.

## **7 Poileasaidhean – Ag Obair gu h-Aonarachd, Ro-uallach, Urram san Àite-obrach**

7.1 Leis am buidheann ag obair tro phoileasaidhean gu cunbhalach, ag ùrachadh agus a' cur riutha mar a tha iomchaidh gus am bi sgrìobhainn riaghlachais na buidhne coileanta, bha na poileasaidhean gu h-àrd air beulaibh bhall.

7.2 Chaidh innse gu bheil na poileasaidhean an-dràsta aig an luchd-obrach airson co-chomhairle.

7.3 Bha na poileasaidhean air beulaibh bhall aig an ìre seo airson co-chomhairle agus dèanamh cinnteach gu bheil na h-amasan ceart. Chaidh deasbad a chumail mar a leanas:

7.4 Poileasaidh Ag Obair gu h-Aonarachd (Lone Working Policy) – chaidh aontachadh gun dèanar cinnteach gu bheil am poileasaidh gach cuid a' dìon luchd-obrach ach aig an aon àm practaigeach.

7.5 Poileasaidh Ro-uallach (Stress Policy) – chaidh ceist a chuir an robh àireamh fòn (helpline) aig luchd-obrach nam biodh iad airson bruidhinn ri cuideigin mu ro-uallach. Thèid beachdachadh air a' chùis. (Gnìomh: MAMI)

7.6 Chaidh a chomharrachadh gu bheileas ag ainmeachadh dhaoine bho thaobh a-muigh na buidhne ris an urrain an luchd-obrach bruidhinn ma tha iad ann an èiginn (leithid na Comhairlichean Slàinte & Sàbhailteachd agus HR) agus thèid beachdachadh bheil feum air neach ainmichte taobh a-staigh na buidhne airson daoine bruidhinn riutha airson roghainn a thoirt dha daoine. (Gnìomh: MAMI)

7.7 Poileasaidh Urram san Àite-obrach (Dignity at Work Policy) – bha buill toilichte le seo.

7.8 An dèidh an co-chomhairle le luchd-obrach, thig na poileasaidhean air ais chun chomataidh tro phròiseas sgrìobhte agus air adhart chun bhùird son aonta (Gnìomh: MAMI)

## **8 Cairtean Creideis**

8.1 Chaidh dreach poileasaidh airson cairtean creideis air beulaibh a' Chomataidh air 7/11/19 far an do mhol a' Chomataidh atharraichean beaga a dhèanamh.

8.2 B' iad na molaidhean a) sgaradh a dhèanamh eadar siubhal taigheil agus siubhal thall thairis agus b) gun deigheadh coimhead ri cuisean co-cheangailte ri cosgaisean measgachta eile agus beachdachadh air cuin a bhiodh e freagarrach dhan roinn-ionmhais seach neach aig a bheil cairt a bhith a' làimhseachadh pàigheadh a-mach.

8.3 Chaidh na h-atharraichean agus am poileasaidh aontachadh agus thèid na h-atharraichidhean fa chomair luchd-obrach san ùine air thoiseach agus thèid am poileasaidh a chuir ann an leabhar-làimhe na buidhne. (Gnìomh: DMD)

## **9 In-sgrùdadh – Èifeachdas a’ Bhùird**

9.1 A’ leantainn in-sgrùdadh bha aithisg air beulaibh na Comataidh agus bhruidhinn Ben McLeish mu dheidhinn.

9.2 Mhìnich e gu robh iad a’ toirt seachad barantas susbainteach (substantial level of assurance). Le trì raointean de dheagh-chleachdadh agus 12 molaidhean gan toirt seachad airson leasachadh, chaidh na molaidhean sin an deasbad.

9.3 Am measg nam molaidhean bha moladh ann - co-cheangailte ri Plana Obrachaidh na buidhne - gus dèanamh cinnteach gu bheil uallach soilleir ann eadar gnothaichean agus co-dhùnidhean ro-innleachd agus obrachaidh, gum beachdaich am bòrd air plana ro-innleachd còig bliadhna (rolling five-year strategic plan) gus dèanamh cinnteach gu bheil ro-innleachd a’ bhùird dha fhaicinn ann an aon àite agus gum biodh plana obrachaidh na buidhne a’ sruthadh à sin.

9.4 Chaidh a mhìneachadh gun deach còmhraidh a chumail aig coinneamh Comataidh roimhe mu bhith a’ cruthachadh plana trì bliadhna (3-year rolling plan).

9.5 Ri linn àrainneachd sìor-atharrachadh a’ Bhùird, chaidh deasbad a chumail an robh an t-àm ann gun dèanadh am bòrd (seach na Comataidhean a’ dèanamh fèin-sgrùdaidh) lèirmheas oifigeil air dleastanas nan Comataidhean gus dèanamh cinnteach gu bheil iad iomchaidh airson na buidhne ann an 2020 agus air adhart.

9.6 Chaidh beachdachadh an robh an t-àm ann barrachd uallach gnothachais a thoirt do Chomataidh Inbhean.

9.7 Chaidh deasbad a chumail mun fiosrachadh mionaideach ionmhasail a bha am bòrd an-dràsta a’ faighinn agus chaidh a dhaingneachadh gu bheil roinn an ionmhais an-dràsta ag obair air seo a leasachadh.

9.8 An dèidh an deasbad a chaidh a chumail, chaidh aontachadh gun deigheadh tionndadh às ùr a dhèanamh air an aithisg, thig e air ais chun sgioba àrd-stiùiridh airson beachd agus thig e air beulaibh a’ bhùird sa Mhàirt. (Gnìomh: NMG)

## **10 Poileasaidh nam meadhanan sòisealta**

- 10.1 Chaidh Poileasaidh nam Meadhanan Sòisealta aontachadh aig coinneamh bùird na Samhna 2019 ach dh'iarr buill gun deidheadh tuilleadh obrach a dhèanamh air poileasaidh nam meadhanan sòisealta airson buill neo-ghnìomhach a' bhùird.
- 10.2 Bha diofar chomhairle a thaobh modhan-obrach buidhnean eile air beulaibh bhall, le coltas gu bheil stiùireadh bunaiteach airson *execs* agus *non-exec*s an ìre mhath an aon rud no coltach anns a' mhòr chuid de bhuidhnean, leis a' chomhairle gu tric a' nochdadh ann an Còd Giùlain na buidhne.
- 10.3 An dèidh deasbaid chaidh na leanas aontachadh:
- 10.4 Glèidh am Poileasaidh ann an Leabhar-làimhe MG ALBA, aig 7.20
- 10.5 Atharraich Còd Giùlain nam Ball gus na briathran aig Ofcom a chuir an sàs. (Gnìomh: MAMI)
- 10.6 Ann an Còd Giùlain nam Ball, dèan iomradh air ciamar a dheigheadh draghan a thogail mu ghiùlain a bha an aghaidh Prionnsabalan Beatha Phoblach agus cò thuige ann an Ofcom a dheigheadh cùisean àrdachadh nam biodh feum (Gnìomh: MAMI).
- 10.7 Gun cumadh MG ALBA seisean practigeach le buill aig coinneamh bùird a' Mhàirt, a' tomhas càite robh crìochan iomchaidheachd ann an diofair shuidheachaidhean. (Gnìomh: MAMI)

## **11 HR**

- 11.1 Bha paipear air beulaibh bhall le fios dhaonna mu obraichean a bha an-dràsta a-muigh gu sanas agus diofar nithean eile taobh a-staigh na buidhne.
- 11.2 Chaidh na buidhnean-obrachaidh in-thaigh (leithid Creideas nar Cosnaichean, Leantainneach Gnothaich agus Riosg) am moladh, le riochdairean bho Steòrnabhagh agus Glaschu orra.
- 11.3 Chaidh a chomharrachadh gu bheil obair a' dol gus an loidhne aithriseach eadar nam buidhnean agus an sgioba àrd-stiùiridh a dhèanamh nas soirbheachail.
- 11.4 Chaidh innse gu bheil seirbheisean HR a-muigh gu tagradh an-dràsta.

## **12 Plana Obrachaidh**

- 12.1 Le uallach air MG ALBA gach bliadhna Plana Obrachaidh a thoirt do Ofcom airson na h-ath bhliadhn' ionmhais, chaidh dreach phlana Obrachaidh son 2020-21 a chuir fa chomair Ofcom san Dùbhlachd 2019.
- 12.2 Bha am Plana Obrachaidh, nas giorra nan àbhaist, a chaidh gu Ofcom air beulaibh bhall le paipear mìneachaidh.
- 12.3 Chaidh innse nach eileas air dad a chluinntinn air ais bho Ofcom fhathast ach mar a chaidh aontachadh leis a' Bhòrd anns an Dùbhlachd 2019, chaidh ùghdarras airson atharrachaidhean aontachadh a thiomnachadh chun Chathraiche agus cathraiche nan

Comataidhean agus gun tigeadh am Plana air ais chun Bhùird nam biodh atharrachaidhean susbainteach air am moladh le Ofcom. (Gnìomh: DC)

### **13 Deuchainn Leantainneach Gnothaich**

- 13.1 Chaidh deuchainn Leantainneach Gnothaich a chumail air 6 Samhain 2019.
- 13.2 Bha an aithisg a thàinig bhon neach-sgrùdaidh neo-eisimeileach [a bha a’ dearbhadh gun deach cùisean gu math leis an deuchainn] agus freagairt agus gnìomhan bhon sgioba àrd-stiùiridh mu choinneimh mholaidhean an neach-sgrùdaidh air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 13.3 Chaidh faighneachd an robh oifis Ghlaschu mar phàirt den deuchainn. Chaidh innse gu bheil leantainneach gnothach fhèin aig a’ BhBC agus gu bheil an aithisg seo stèidhichte air toglaichean agus obrachadh Steòrnabhaigh a-mhàin ri linn ‘s gur ann an seo a tha prìomh obraichean na buidhne, leithid craoladh, IT agus ionmhas stèidhichte.
- 13.4 Thèid iarraidh air an neach-sgrùdaidh ainm a’ chompanaidh agus deit a chuir ris an aithisg. (Gnìomh: DMD)
- 13.5 Bha buill riarachtaiche le gach nì. Chaidh an obair mhòr a bhios ga dhèanamh an lùib na h-eacarsaich seo a mholadh agus chaidh taing na Comataidh chun a h-uile neach a bha na lùib.

### **14a Cùmhnantan seirbheis – fios às ùr mu chùmhnantan**

- 14.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh ràitheil air ùrachadh cùmhnantan seirbheis agus bha buill riarachtaiche.
- 14.2 Chaidh aontachadh nam biodh cùmhnantan a’ dol a-mach gu tagradh, dheigheadh fios a chuir air beulaibh na Comataidh ach a thilleadh air an sin, bha a’ Chomataidh riarachtaiche gu faigheadh iad bho seo a-mach fiosrachadh bliadhnail mu chùmhnantan.

### **14b Cùmhnantan seirbheis – fios mu sgeama peinnsein**

- 14.3 Bha pàipearan air beulaibh bhall le fiosrachadh a thaobh lèirmheas pheinnsein.
- 14.4 Dh’aontaich a’ Chomataidh ri coimiseanadh, tro phròiseas tagraidh, neach-comhairle ionmhais neo-eisimeileach gus: a) measadh a dhèanamh air a’ chompanaidh a bha an-dràsta gan cleachdadh airson peinnsein agus comhairle a thoirt seachad air a bheil an companaidh seo urrasach gu leòr (sufficiently dependable) gus leantainn orra le seilbheach agus b) a bhith rim faotainn gus comhairle air leth a thoirt do luchd-obrach mun cuid *investment profile* agus cuideachd airson trì mìosan comhairle 1:1 a thoirt do luchd-obrach. (Gnìomh: NMG)

**15 Aithisgean Raitheil – Q2 2019/20**

- 15.1 Pasgan Cunntasachd – chaidh a chomharrachadh gu robhas a’ coimhead ri dòigh ùr am fiosrachadh a thaisbeanadh, a’ toirt a-steach bho seo a-mach an àite comas air an ràith mu dheireadh (previous quarter comparative) gum bi am buidseat bhliadhnail air a shealltainn. (Gnìomh: NP)
- 15.2 KPIs – chaidh iad seo a chomharrachadh.

**16 GISBE**

- 16.1 Chaidh taing na Comataidh a bhuileachadh air Daibhidh Brew - a bha an làthair aig a’ coinneamh Comataidh mu dheireadh aige ‘s a theirm mar bhall a’ tighinn gu crìoch aig deireadh a’ Ghiblein - airson a chuid obrach ionmholta, dicheallach agus mionaideach thar nam bliadhnaichean.

**17 Deit na h-ath choinneimh – 19/5/20, Glaschu**

*Ainm sgrìobhte a’ Chathraiche:*

*Deit:*